

TIOTAL-OBACH	Stiùiriche an Ionmhais
ROINN	Ionmhas is Rianachd
AN URRA RI	Prionnsapal na Colaiste
UALLACH AIRSON	Neach-cunntais na Colaiste, Oifigear Sgiobachd is Ionmhais, Neach-taic Ionmhais, Manaidsear ICT
SGÈILE THUARASTAIL	£50-55k
PRÌOMH ÀITE-OBACH	Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8QR

PRÌOMH UALLAICHEAN

- Cumail taic ris a' Phrionnsapail agus ris a' Bhuidhinn Ghnìomh tro bhith a' libhrigeadh siostaman ionmhais agus taic aig àrd ìre a leigeas leis a' Cholaiste a cuid amasan ro-innleachdail a choileanadh
- A bhith ag ullachadh agus mothachail air an t-seòrsa fiosrachaidh a bhios a dhìth airson co-dhùnaidhean na Colaiste a bhreithneachadh agus aithisgean iomchaidh ullachadh, ann an deagh àm, do na buidhnean freagarrach leithid am Bòrd, Comataidh an Ionmhais, a' Chomataidh Sgrùdaidh, a' Bhuidheann Gnìomh agus a' Bhuidheann Stiùiridh
- Dèanamh cinnteach gu bheil siostaman taic na Colaiste a' cur ri ruith na Colaiste; gu bheil iad air an stiùireadh ann an dòighean èifeachdach (a' gabhail a-staigh stiùireadh chunnartan) agus gu bheil iad ag obair aig an ìre as àirde a thaobh iomchaidheachd, riaghlaidh agus sgrùdaidh 's gu bheil ro-innleachd ionmhais na Colaiste a' riochdachadh toil a' Bhùird
- Tuigse shoilleir a bhith agad air dòighean maoinachaidh na Colaiste agus fiosrachadh mar an ceudna a thoirt seachad do luchd-obrach is manaidsearan mar a bhios iomchaidh
- Dèanamh cinnteach gun gabh teachd-a-steach na Colaiste àrdachadh tro bhith a' lorg cothroman maoinachaidh, a' toirt seachad stiùireadh air tagraichean agus dèanamh cinnteach gu bheil na h-aithisgean freagarrach ullachadh
- Gabhail uallaich airson do leasachaidh phearsanta fhèin an co-bhonn ris a' Phrionnsapal agus a bhith dealasach agus èasgaidh ùine a thoirt seachad dha do leasachadh fhèin, a rèir na h-obrach agus feumalachdan na Colaiste

PRÌOMH DHLEASTANASAN

- Buidseatan bliadhnaile ullachadh
- Taic le deasachadh an Aonta Thoraidhean leis a' Chomhairle Mhaoineachaidh
- Aithisgean riatanach is àbhaisteachd a thilleadh don Chomhairle Mhaoineachaidh agus go OGE mar a thèid iarraidh
- Ullaich is gabh os làimh Clàr Cunnartan na Colaiste
- Gnothaichean sgrùdaidh is deagh-ghnè
- Stiùirich an sgioba ionmhais
- Gabh sealladh air stiùireadh an sgioba ICT
- Riaghlachadh siostam peinsein na Colaiste
- Thoir seachad taic is comhairle do mhanaidsearan air buidseatan, tabhartasan, is gnothaichean eile iomchaidh
- Stiùirich riaghladh is coinneamhan mu shiostaman ceannach na Colaiste

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig

Ag aithris gu cunbhalach gu: Buidheann Stiùiridh na Cholaiste Buidheann Gnìomh Am Bòrd Stiùiridh Comataidh Sgrùdaidh Buidheann Maoineachaidh an t-Sabhail Bòrd SOILLSE Comataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd	Priomh Dàimhean-obrach: Stiùirichean Ionmhais, OGE Manaidsear Cunntais, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean Manaidsear nan Aontaidhean Thoraidhean, Comhairle Mhaoineachaidh na h-Alba Oifigear APUC
---	--

Seo clàr a' mìneachadh uallaichean Stiùiriche an Ionmhais airson barrachd soilleireachaidh.

Uallach	Aonta	Comhairle	Fios
<i>Buidseat na Bliadhna</i>	<i>Planaichean leasachaidh na Colaiste</i>	<i>Fèin-luachadh roinneil</i>	<i>Atharrachaidhean gu tuarastalan fa leth</i>
<i>Cunntasan na Bliadhna</i>	<i>Àrdachadh thuarastalan</i>	<i>Tagraichean airson thabhartasan</i>	<i>Atharrachaidhean san fharsaingeachd le buaidh air ionmhas</i>
<i>Clàr chunnartan</i>	<i>Plana Gnìomh</i>	<i>Aonta Thoraidhean</i>	<i>Atharrachaidhean gu peinseanan</i>
<i>Cùmhnant an luchd-sgrùdaidh</i>	<i>SFC Meòrachan Ionmhais</i>	<i>Leasachaidhean phròiseactan</i>	<i>Atharrachaidhean luchd-obrach</i>
<i>Cùmhnant an luchd-in-sgrùdaidh</i>	<i>Cosgaisean Calpa, a rèir an Sgeama Riarachais</i>	<i>Aithisg luchd-obrach HESA</i>	<i>Atharraichean a bheir buaidh air pròiseactan m.e. Tobar an Dualchais, Faclair na Gàidhlig</i>
<i>Riochdachadh SMO air buidheann Stiùirichean Ionmhais OGE</i>	<i>Cosgaisean àbhaisteach, cumail ri riaghailtean PECOS</i>	<i>Iarrtasan airson airgead rannsachaidh</i>	<i>Atharrachaidhean air aontaidhean còmhnaidh</i>

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig

TUAIRISGEUL OBRACH

<i>Aithisg Sgrùdaidh bhliadhnail don SFC</i>	<i>Cìsean acadaimigeach (Alba, Còrr den RA, Eadar-nàiseanta)</i>	<i>Atharrachaidhean phrìsean m.e. àite-fuirich, biadh</i>	<i>Atharrachaidhean gu cìsean àite-fuirich nan oileanach</i>
<i>Sgioba Ionmhais, stiùireadh agus measaidhean-obrach</i>	<i>Planadh àireamhan oileanach, dòighean maoinachadh RAM</i>	<i>Cothroman coimeirsealta airson na Colaiste</i>	
<i>Cùmhnantan APUC</i>	<i>Aithisgean àbhaisteachd - FFR, AAR, agus aithisgean eile do OGE agus SFC</i>	<i>Aithisg is tagraichean airson thabhartasan</i>	
<i>Sgrùdaidhean</i>			
<i>Riaghladh sgeama Peinsein na Colaiste</i>			

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig

Tha sinn a' sùileachadh gum bi cuid mhath de na sgilean agaibh a rèir a' chlàir seo ach bidh taic ri fhaighinn bhon Cholaiste cuideachd far nach eil an t-eòlas agaibh fhathast.

Greisean-eòlais:	Assessed by:
Eòlas farsaing air obair aig ìre ro-innleachdail agus ghnìomhail ann an roinn ionmhais	F/A
Fianais air libhrigeadh ro-innleachdan choimearsalta	F/A
Eòlas agus fianais gun robh smachd iomchaidh agus siostaman san roinn agaibh a dh'fhàg gun robh sgrùdaidhean soirbheachail san Roinn Ionmhais	F/A
Cleachdte ri bhith ag obair le buidhnean taobh le ùidh (stakeholders)	A
Cleachdte ri bhith ag obair fo phrìomhachasan riaghaltais a bhios ag atharrachadh agus ag obair ri cinn-ùine agus feumalachdan airson pròiseactan le maoinachadh phoblach.	F/A
Sgilean sgrùdaidh le comas a bhith mionaideach, fiosrachadh a cho-òrdanachadh agus aithisgean ciallach, mionaideach a chur ri chèile a tha freagarrach do iomadachd luchd-leughaidh agus a bheir cothrom dhaibh co-dhùnidhean slàn a dhèanamh.	A
Cleachdte le bhith a' cleachdadh goireasan anns an dòigh as iomchaidh agus a' stiùireadh bhuidseatan	F/A
Sgilean, Eòlas is Comasan:	
Fileanta sa Ghàidhlig	F/A
Deagh sgilean IT	F/A
Comasach air feallsanachd sgioba a stiùireadh agus a leantainn, agus ceistean a a thogail far a bheil iad iomchaidh.	F/A
Eòlas air siostam SAGE	A
Comasan conaltraidh aig àrd ìre agus gu h-èifeachdach, sgrìobhadh foirmeil aig àrd ìre agus comasan fiosrachadh agus teachdaireachdan cudromach a thoirt seachad aig a h-uile ìre ann an dòigh thaitneach.	A
Comasach smaoineachadh air do cheann fhèin, ann an suidheachadh doirbh no trang, agus deònach feallsanachd bhrosnachail a chur air adhart	A
Comas sealltainn gu bheil eòlas agaibh a thaobh diomhaireachd, luachan na Colaiste (faic an Ro-innleachd), co-ionannachd, iomadachd agus uallaichean sòisealta agus a bhith nad dheagh eisimpleir don Cholaiste fhèin.	F
Teisteanasan:	
Teisteanas cunntasachd proifeasanta (ACCA, CIMA, CIPFA)	F
Ceum aig àrd ìre no teisteanas gnìomhachais	F

F = Foirm-larntais A - Agallamh

Thèid an tuairisgeul seo ath-sgrùdadh gu cunbhalach.

Ceann-là a' chiad dhreach: 29 an Samhain 2016

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig

Fiosrachadh Cudromach Eile:

- Bithear ag obair 35 uairean san t-seachdain
- Gheibhear 35 saor-làithean sa bhliadhna (a' ruith bho 1 Faoilleach – 31 Dùbhlachd) a' gabhail a-staigh 10 latha aig àm na Nollaige agus Saor-làithean Poblach
- Ann a bhith a' cuideachadh luchd-obrach le an cuid leasachaidh phearsanta, comasan obrach agus feumalachdan trèanaidh, gheibhear measadh obrach gach bliadhna le ur Manaidsear.
- Feumar seiseanan trèanaidh riatanach a fhrithealadh agus coinneamhan mar a bhios iomchaidh. Gheibhear fiosrachadh ron àm.
- Tha Sabhal Mòr Ostaig làn taiceil a thaobh leasachadh na Gàidhlig agus gheibhear a h-uile cothrom ur cuid comasan cànan a leasachadh
- Tha sgeama pheinnsein aig a' Cholaiste
- Mus tèid ur fastadh bith agaibh ri dhol tro sgrùdadh PVG agus thèid iarraidh air teisteanasan

Iarrtasan:

Tillibh am foirm-iarrtais agaibh gu:

Roinn Sgiobachd
Sabhal Mòr Ostaig
An Teanga
An t-Eilean Sgitheanach
IV44 8QR
No air post-d gu obair@smo.uhi.ac.uk

Ceann-là airson iarrtasan: 16 Faoilleach 2017
Agallamhan: 27 am Faoilleach

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig

Amas na Colaiste

Tha Sabhal Mòr Ostaig airson a bhith na shàr ionad aig cridhe leasachaidhean ann an cànan agus dualchas nan Gàidheal le bhith a' tairgsinn deagh chothroman foghlaim, trèanaidh agus rannsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig agus le bhith a' dol an sàs gu h-innleachdach còmhla ri daoine eile, luchd-gnìomhachais agus a' choimhearsnachd air fad gus leasachaidhean sòisealta, dualchasach agus eaconamach a chur air adhart.

Fiosrachadh mun Cholaiste

Tha àrainn oideachaidh air leth aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha na cùrsaichean agus a' Cholaiste gu lèir gan ruith tro mheadhan na Gàidhlig - an aon Cholaiste den t-seòrsa seo an Alba. Tha a' Cholaiste ann an Slèite anns an Eilean Sgitheanach, sgìre a tha ainmeil airson bòidheachd na h-àrainneachd.

Chaidh a' Cholaiste a stèidheachadh ann an 1973 agus bhon uair sin tha i air cliù a chosnadh air feadh an t-saoghail mar ionad airson cànan agus cultar na Gàidhlig. 'S e colaiste spèisealta a th' innte, a' tabhann foghlam àrd-ìre, foghlam leantainneach agus cothroman rannsachaidh. Tha Sabhal Mòr Ostaig mothachail air cho cudromach 's a tha bunait làidir airson a' chànain, a' chultair agus nan ealan agus tha e an sàs ann an iomadh pròiseact gus seo a thoirt air adhart.

'S e colaiste ùr-ghnàthach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus tha e na chom-pàirtiche acadaimigeach air OGE nam Mìle Bliadhna. Tha goireasan ionnsachaidh air leth ann, leabharlann sònraichte fhèin math agus tha àiteachan-fuirich agus ionad cùraim chloinne air an àrainn.

Aig a' cheart àm, tha còrr is 100 oileanach clàraichte air cùrsaichean làn-thìde, mu 350 air cùrsaichean air astar agus bidh suas ri 1,000 oileanach a' clàradh air cùrsaichean goirid gach bliadhna. Bidh deagh mheasgachadh de dh'oileanaich a' tighinn don Cholaiste, aig diofar aoisean agus às diofar àiteachan. 'S ann às Alba agus an Rìoghachd Aonaichte a bhios a' mhòr-chuid ach tha oileanaich air tighinn thugainn às na Stàitean Aonaichte, dùthchannan Eòrpach agus Àisia cuideachd.

Tha luchd-ceumnachaidh an t-Sabhail air a dhol air adhart gu dreuchdan Gàidhlig ann an iomadh gnìomhachas, a' cur nan sgilean aca gu feum ann an leasachadh a' chànain.

'S e stèidheachd ionnsachaidh bheothail, adhartach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, a bhios ag amas air coimhearsnachd Ghàidhlig làn mhisneachd is soirbheachais a bhrosnachadh. Bidh fàilte chridheil romhaibh ann.

Barrachd Fiosrachaidh

Airson barrachd fiosrachaidh mun Cholaiste, theirigibh gu www.smo.uhi.ac.uk no, ma tha ceistean sònraichte agaibh, cuiribh fòn no post-d gu Nicola NicThòmais, 01471 888 301 no obair@smo.uhi.ac.uk.

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig